



**Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba**

PLANA GÀIDHLIG

**2022-2025**

## Facal-toisich

---

Tha sinn toilichte Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba (*Scottish Fire and Rescue Service - SFRS*) airson 2022-2025 fhoillseachadh.

'S e adhbhar Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a bhith a' brosnachadh seasmhachd na Gàidhlig air feadh na h-Alba, ach gu sònraichte taobh a-staigh nan coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu cumanta. Tha làn-thaic an SFRS ri ceuman a tha ag amas air Alba a stèidheachadh mar chomann-sòisealta ion-ghabhalach far a bheil coimhearsnachdan ionadail seasmhach, soirbheachail agus far an urrainn dhaibh an fhèin-aithne ionadail aca a ghlèidheadh.

Mar sholaraidhe de sheirbheisean poblach aig an ìre as àirde, 's e amas an SFRS feumalachdan nan coimhearsnachdan uile againn a choileanadh ann an dòigh a tha a' freagairt air feumalachdan ionadail, aig a bheil toraidhean èifeachdach agus a bhios a' toirt seachad an luach as fheàrr. Tha seo a' ciallachadh gum faod sinn a bhith a' dèanamh rudan ann an dòighean eadar-dhealaichte ann an sgìrean eadar-dhealaichte a' crochadh air factaran riosg ionadail a' gabhail a-steach factaran cruinn-eòlach no deamografach.

Gu cudromach, tha SFRS ag aithneachadh gu bheil sinne nar pàirt de na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh. Anns a' mhòr-chuid de sgìrean ann an Alba, tha luchd-obrach an SFRS a' tighinn às a' choimhearsnachd ionadail fhèin agus tha seo gu sònraichte fìor ann an àiteachan far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn gu cumanta agus far a bheil an luchd-obrach Glèidhte agus Saor-thoileach as cumanta.

Mar bhuidheann nàiseanta, tha seo a' ciallachadh nach e a-mhàin gu bheil sinn a' frithealadh coimhearsnachdan na h-Alba ach gu bheil sinn ag obair còmhla ris na coimhearsnachdan sin cuideachd.

Seo an dàrna Plana Gàidhlig aig SFRS agus tha sinn an dùil togail air soirbheasan a' chiad phlana agus a bhith a' cumail oirnn ag obair leis a' phoball le bhith ga lìbhrigeadh agus leis na prìomhachasan gus Gàidhlig a ghlèidheadh mar phàirt sheasmhach agus ro-chudromach de chultar na h-Alba.

Co-aithris leis an Dr Kirsty Darwent, Cathraiche a' Bhùird agus Martin Blunden, Àrd-oifigear

# Clàr-innse

Earrann	Taobh-duilleig
Facal-toisich	2
<b>1. Ro-ràdh</b>	<b>5-6</b>
1.2 A' Ghàidhlig Taobh a-staigh Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba	6
1.3 Gàidhlig ann an Alba	7-8
1.4 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	7
1.5 Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig	8
1.6 In-sgrùdadh air Comas Cànan	8-9
1.7 Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig	9
<b>2. Prìomh phrionnsabalan</b>	<b>9</b>
2.1 Spèis cho-ionann	9
2.2 Tairgse Ghnìomhach	10
2.3 Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig	10
<b>3. Gealltanasan a' Phlana</b>	<b>11</b>
3.1 Amasan Àrd-ìre	11-12
3.1.1 A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig	10-11
3.1.2 A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig	12-13
3.1.3 A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig	13-14
3.2 Amasan Seirbheisean Corporra	14-21
3.2.1 Inbhe	14-15
3.2.2 Conaltradh leis a' Phoball	15-16
3.2.3 Fiosrachadh	16-18
3.2.4 Luchd-obrach	18-20
3.2.5 Corpas na Gàidhlig	20-21
<b>4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta</b>	<b>22</b>
<b>5. Ceanglaichean ri Frèamaichean-obrach ionadail agus roinneil</b>	<b>22</b>
<b>6. Foillseachadh</b>	<b>23</b>
6.1 Foillseachadh is sanasachd a' Phlana air an taobh a-muigh is an taobh a-staigh	23
<b>7. Goireasachadh a' phlana</b>	<b>24</b>
<b>8. A' sgrùdadh a' phlana</b>	<b>24</b>
<b>9. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach</b>	<b>25</b>
9.1 Uallach airson a' phlana air a' cheann thall	25

9.2	Uallach làitheil airson a' phlana	25
9.3	Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig	26
9.4	A' conaltradh le Luchd-obrach	26
9.5	Buidhnean Leth-eisimeileach is Treas Pàrtaidhean	26
Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànan		27-29
Eàrr-ràdh 2 - Co-chomhairle Phoblach		30

# 1. RO-RÀDH

## IOMRADH AIR OBAIR SEIRBHEIS SMÀLAIDH AGUS TEASAIRGINN NA H-ALBA.

Chaidh SRFS a stèidheachadh air 1 Giblean 2013 agus chaidh a chur an àite ochd seirbheisean smàlaidh roinneil. Tha SRFS cunntachail do Riaghaltas na h-Alba agus tha Bòrd air a cheann a tha air fhadhadh gu poblach is tha e air a stiùireadh le Àrd-oifigear agus le sgioba-stiùiridh stèidhichte anns an Àrd-oifis aige ann an Camas Long.

Tha Achd Ath-leasachadh Poileis is Smàlaidh (Alba) 2012 na bunait reachdail aig SRFS gus raon de phrìomh sheirbheisean agus gnìomhan a libhrigeadh a tha a' ciallachadh gum bi an t-seirbheis deiseil gus freagairt air teintean is suidheachaidhean èiginneach eile, agus gu bheil i cuideachd a' cumail fòcas làidir air bacadh agus dìon airson dèanamh cinnteach gum bi ar coimhearsnachdan sàbhailte. Tha Frèam Smàlaidh is Teasairginn airson Alba 2016 a' stiùireadh ro-innleachd fharsaing an SRFS ann a bhith a' libhrigeadh a cuid sheirbheisean do choimhearsnachdan na h-Alba.

Tha na prìomhachasan airson SRFS gan cur an cèill anns an Fhrèam Smàlaidh is Teasairginn airson Alba 2016 leis na h-amasan Ro-innleachdail air an sònrachadh anns a' Phlana Ro-innleachdail airson 2019 - 2022:

Prìomhachas Ro-innleachdail 1: Slatan-tomhais Coileanaidh

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Sàbhailteachd, Sunnd agus Ro-chasg

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Freagairt is Ath-leumachd - A' Stiùireadh Riosg

Prìomhachas Ro-innleachdail 4: Freagairt is Ath-leumachd - A' Dèanamh cho-dhùnaidhean stèidhichte air fianais

Prìomhachas Ro-innleachdail 5: Com-pàirteachas

Prìomhachas Ro-innleachdail 6: A' Cruth-atharrachadh na Seirbheis

Prìomhachas Ro-innleachdail 7: Ag Ath-nuadhachadh na Freagairt

Prìomhachas Ro-innleachdail 8: Siognailean alairm nach eilear ag iarraidh

Prìomhachas Ro-innleachdail 9: Riaghladh agus Dèanadas Èifeachdach

Prìomhachas Ro-innleachdail 10: Daoine

Tha libhrigeadh nan gnìomhan againn bho latha gu latha an urra ris an sgioba-gnìomh bheag againn, a tha a' gabhail a-steach Àrd-oifigear agus sia Stiùirichean a bhios a' toirt seachad

ceannas ro-innleachdail airson nam fhoincsean obrach uile againn. Tha an sgioba-gnìomh againn an urra ri buidseat obrachaidh de £343.2 millean sa bhliadhna uile gu lèir.

### Tùs: Plana Ro-innleachdail SFRS

Tha SFRS ag obair air feadh na h-Alba agus tha e a' fastadh mu 8,000 neach-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach làn-thìde, luchd-obrach glèidhte agus saor-thoileach. Le còrr is 350 toglaichean aige, tha fear de na lorgan cruinn-eòlach as motha aig buidheann phoblach Albannach aig SFRS, agus e a' toirt seachad a sheirbheisean do na coimhearsnachdan uile ann an Alba agus do dhaoine a tha a' tadhal air an dùthaich.

Tha a bhith a' comharrachadh agus a' tuigsinn feumalachdan choimhearsnachdan na h-Alba cho cudromach dhan t-seirbheis smàlaidh 's a tha e do dh'ùghdarras poblach sam bith eile. Feumaidh SFRS cothromachadh a dhèanamh eadar na feumalachdan aig seirbheis nàiseanta agus aig coimhearsnachdan ionadail.

Tha co-dhàimh chudromach eadar cuid de dh'fheartan dìonta, mar a chaidh a mhìneachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010, agus cunnart bho theine agus suidheachaidhean èiginn eile. A bharrachd air seo, tha an SFRS ag aithneachadh ana-cothrom sòisealta agus eaconamach mar nithean a tha a cheart cho cudromach ris na feartan a chaidh a comharrachadh ann an reachdas co-ionannachd.. Tha inbhich nas sine, daoine air a bheil ciorram, daoine a tha a' fuireach nan aonar, daoine ann an èis, agus an fheadhainn le feumalachdan sòisealta ioma-fhillte nas dualtaiche a bhith ann an cunnart bho theine no suidheachadh èiginn eile seach an fheadhainn aig nach eil na feartan sin. Ged a tha prìomhachasan corporra againn gus aghaidh a chur ris na neo-ionannachdan sin, 's ann aig ìre an t-solair seirbheis ionadail as urrainn dhuinn eadar-dhealachadh a dhèanamh.

## **A' GHÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH SEIRBHEIS SMÀLAIDH AGUS TEASAIRGINN NA H-ALBA**

Mar bhuidhinn a tha ag obair air feadh na h-Alba, tha SFRS ag obair ann an sgìrean den dùthaich far a bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh mar phàirt den bheatha làitheil a bharrachd air àiteachan far nach eil.

Tron chiad eagan den phlana againn, tha an SFRS air a' Bhileag Sàbhailteachd Teine san Dachaigh a dhèanamh sa Ghàidhlig cho math ris a' Bheurla.

Tha sinn air co-obrachadh le neach-labhairt agus neach-trèanaidh Gàidhlig gus trèanadh mothachaidh Gàidhlig a dhèanamh dhan luchd-obrach againn agus tha 507 air an trèanadh a dhèanamh gu ruige seo.

Tha sinn air cothrom a thoirt do sheirbheisean èiginn eile agus do dh'ùghdarrasan ionadail air an trèanadh le Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' cleachdadh an trèanaidh aig an àm seo gus cur ri eòlas agus mothachadh air a' Ghàidhlig am measg an luchd-obrach aca fhèin.

Tha sinn air suirbhidh a dhèanamh leis an luchd-obrach againn agus aig an àm seo, chomharraich 98 neach-obrach gu bheil sgilean Gàidhlig aca bho abairtean bunaitich gu bhith fileanta ann a bhith ga bruidhinn, ga leughadh agus ga sgrìobhadh.

Chleachd sinn na cunntasan meadhanan sòisealta corporra againn gus bhidio Gàidhlig a bhrosnachadh anns a bhith dithis smàladairean glèidhte a' beachdachadh air cho cudromach 's a tha smàladairean ann an coimhearsnachdan dùthchail.

## GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Ann an cunntas-sluaigh 2011, chaidh clàradh gun robh comas Gàidhlig a bhruidhinn aig 57,375 daoine, 1.1% de shluagh na h-Alba. Tha luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh na h-Alba, agus 's e na h-Eileanan Siar an t-àite far a bheil an cànan as treasa agus tha a' Ghàidhlig ga bruidhinn leis a' mhòr-chuid ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar agus ann am paraiste Cille Mhoire anns an Eilean Sgitheanach taobh a-staigh Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd.

Tha àireamh nan sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig a' fàs air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach àiteachan far nach eil Gàidhlig aig a' mhòr-chuid den t-sluagh.

Tha an SFRS mothachail air cho cudromach agus cho buntainneach 's a tha a' Ghàidhlig mar chiad cànan ann an cuid de choimhearsnachdan a bharrachd air cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt taic do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan far a bheil an cànan ga bruidhinn le beag-chuid.

Ann an com-pàirteachas le co-obraichean aig Ainmean-Àite na h-Alba, tha Bòrd na Gàidhlig air mapa de dh'ainmean-àite Gàidhlig air feadh na h-Alba a dhèanamh, a' sealltainn buaidh fharsaing a' chànain. Gheibhear seo aig: <https://www.ainmean-aitescot/wp-content/uploads/2021/11/Alba-600-dpi-scaled.jpeg>

## ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànain oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na

Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Bu chòir an earrann seo ceangal soilleir a chur ann eadar plana Gàidhlig an ùghdarras agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23. Thathar a' moladh an teacsa a leanas: -

Tha taic Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na trì cinn seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

## IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Anns a' chiad eagraan den Phlana Gàidhlig againn, rinn sinn suirbhidh luchd-obrach gus faighinn a-mach dè an t-eòlas agus dè na sgilean a bha aig ar luchd-obrach a thaobh na Gàidhlig. Tha grunn luchd-obrach againn a tha air comharrachadh gu bheil sgilean Gàidhlig aca bho abairtean bunaiteach gu bhith fileanta ann a bhith a' leughadh, a' sgrìobhadh agus a' bruidhinn na Gàidhlig.

Bha na Prìomh Thoraidhean bhon t-Suirbhidh air Comasan Gàidhlig mar a leanas:-

- Tha sgilean Gàidhlig aig ìre air choireigin aig 98 luchd-obrach aig SRFS
- Bidh 17 luchd-obrach a' bruidhinn Gàidhlig gu làitheil le buill den phoball
- Chomharraich ceathrar luchd-obrach gum bi iad a' bruidhinn Gàidhlig gu neo-fhoirmeil le co-obraichean fhad 's a tha iad ag obair
- Chomharraich còignear luchd-obrach gum bi iad a' bruidhinn Gàidhlig gu foirmeil san àite-obrach gach latha le an co-obraichean agus am manaidsear



Gheibhear làn fhiosrachadh mun Sgrùdadh againn air Comasan Gàidhlig ann an Eàrr-ràdh a h-Aon.

## CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG

Nì SFRS co-chomhairle phoblach air an dreachd den dàrna eagraan den Plana Gàidhlig aige agus bheir e fa-near do na beachdan a thèid a thoirt dha tron phròiseas co-chomhairleachaidh.

Bidh an dreachd plana ri fhaighinn air làrach-lìn SFRS fad sia seachdainean bho 17 Faoilleach 2022 agus thèid beachdan an t-sluaigh agus an luchd-obrach againn iarraidh. Cleachdaidh sinn na cunntasan againn air na meadhanan sòisealta gus com-pàirteachadh poblach agus gabhail pàirt sa cho-chomhairle a bhrosnachadh.

Gheibhear lethbhreacan pàipear den phlana agus den cho-chomhairle air iarrrtas bho [SFRS.Equality@firescotland.gov.uk](mailto:SFRS.Equality@firescotland.gov.uk)

## 2. PRÌOMH PHRIONNSABALAN

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan Ghàidhlig agus tro na geallaidhean againn fo Earrannan a trì agus Earrann a ceithir den Phlana seo nochdaidh sinn na h-amasan againn. Ged a tha cuid de nithean nan leasachaidhean beaga mean air mhean agus cuid eile nas motha, tha an t-amas iomlan sìmplidh, gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd.

### SPÈIS CHO-IONANN

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nì Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

## TAIRGSE GHNÌOMHACH

Far am bi sinn a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig, nì sinn tairgse gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan mhòr-shluagh gus am bi luchd-cleachdaidh na Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

## ÀBHAISTEACHADH

Nì Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a dìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.

### 3. GEALLTANASAN A' PHLANA

#### AMASAN ÀRD-ÌRE

Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth ris a' Bhòrd gus seata de dh'amasan àrd-ìre a chruthachadh. Tha na h-amasan àrd-ìre sin nan gnìomhan ro-innleachdail agus tha dlùth cheangal aca ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2018-23.

Tha sinn air aontachadh dèanamh cinnteach gum bi fòcas aig a' Phlana Ghàidhlig againn air na trì amasan àrd-ìre a leanas:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

#### A' TOIRT FÀS AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Obraich còmhla ri Poileas Alba agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba air cur an gnìomh nam planaichean Gàidhlig againn.
Buil a thathar ag iarraidh	Gus na cleachdaidhean as fheàrr agus rointean leasachaidh a cho-roinn, a bharrachd air a bhith a' co-obrachadh air pròiseactan a bhiodh buannachdail do gach buidheann agus do choimhearsnachdan na h-Alba
Cleachdadh làithreach	Bidh coinneamhan a' tachairt air feadh na bliadhna far a bheilear a' bruidhinn air farsaingeachd de chuspairean thar na roinne a' gabhail a-steach na Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"><li>• Comharraich pròiseactan a dh'fhaodadh buannachd a thoirt do na com-pàirtichean uile</li><li>• Cùm oirnn a' coinneachadh gu cunbhalach</li><li>• Aithris dhan Bhuidhinn Co-obrachaidh air Ath-leasachaidh air obair a tha gu sònraichte a' buntainn ri agus a' gabhail a-steach na Gàidhlig. Bidh a' bhuidheann seo a' cur fòcas air pròiseactan mòra air a bheil na trì seirbheisean èiginn ag obair còmhla.</li></ul>
Ceann-latha targaid	<ul style="list-style-type: none"><li>• Tro bheatha a' phlana</li></ul>
Dleastanas	<ul style="list-style-type: none"><li>• Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd</li></ul>

Amas Àrd-ìre	Dèan cinnteach gu bheil goireasan sgoile nàiseanta rim faighinn gu dà-chànanach.
Buil a thathar ag iarraidh	Tha goireasan corporra sam bith a thèid a mholadh airson sgoiltean rim faighinn sa Ghàidhlig.

Cleachdadh làithreach	Cha bhi sinn a’ cruthachadh goireasan sgoile nàiseanta, agus tha goireasan den t-seòrsa seo leis na h-Ùghdarrasan Foghlaim Ionadail.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ma thig Ùghdarras Foghlaim Ionadail thugainn, obraichidh sinn còmhla gus coimhead air goireasan sàbhailteachd anns a’ Ghàidhlig agus sa Bheurla gu sònraichte anns na trì sgìrean Earra-Ghàidheal agus Bòd, Comhairle na Gàidhealtachd agus sna h-Eilean Siar.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ro-chasg agus Dìon</li> </ul>

Amas Àrd-ìre	Brosnaich luchd-obrach Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba aig a bheil Gàidhlig gus a cleachdadh nas trice.
Buil a thathar ag iarraidh	Bidh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach na chleachdadh àbhaisteach do luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Bidh beagan luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig a’ cleachdadh agus a’ bruidhinn Gàidhlig le co-obraichean agus manaidsearan san àite-obrach, ach chan eil seo foirmeil aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cleachd toraidhean suirbhìdh an luchd-obrach gus faighinn a-mach dè an ìre ’s gu bheil luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig ga cleachdadh gus conaltradh a dhèanamh san àite-obrach</li> <li>Comharraich dòighean gus dòigh nas foirmeile a chur air dòigh gus a dhèanamh nas fhasa do luchd-obrach a bhith a’ conaltradh sa Ghàidhlig mar phàirt den obair aca</li> <li>Dealbhaich prògram obrach gus taic a chumail ri àbhaisteachadh na Gàidhlig san àite-obrach</li> <li>Brosnaich an luchd-obrach againn gu gnìomhach gus Gàidhlig labhairteach a chleachdadh ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu farsaing</li> <li>Cùm taic ri cruthachadh Lìonra Luchd-obrach dhan Ghàidhlig ma tha luchd-obrach SFRS ag iarraidh seo.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2023 agus an uair sin leantainneach
Dleastanas	Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd, Àrd-oifigear Ionadail ( <i>Local Senior Officer - LSO</i> ) ann an Sgìrean Earra-Ghàidheal is Bhòid, na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar

## A’ TOIRT FÀS AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Brosnaichidh SFRS trèanadh Gàidhlig a tha ri fhaighinn air an taobh a-muigh do cho-obraichean agus brosnachadh e modalan agus goireasan mothachadh cànan agus cultair Gàidhlig aig SFRS.
--------------	--

Buil a tha air a mholadh	Brosnaich mothachadh mun Ghàidhlig san fharsaingeachd tron bhuidhinn air fad agus broснаich luchd-obrach gu gnìomhach gus Gàidhlig ionnsachadh.
Cleachdadh làithreach	Thèid luchd-obrach aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh no an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh air an stiùireadh gu grunn làraichean-lìn mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich pròiseact Speak Gaelic dhan luchd-obrach uile</li> <li>• Brosnaich Gàidhlig air feadh na buidhne gach bliadhna</li> <li>• Brosnaich an Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig a th' ann mar-thà do gach neach-obrach agus broснаich daoine gu gnìomhach gus a dhèanamh</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Amas Àrd-ìre	Dèan obair leasachaidh air na modalan Mothachaidh Gàidhlig a tha rim faighinn dhan luchd-obrach.
Buil a tha air a mholadh	Cuir ris an àireamh de luchd-obrach a tha air crìoch a chur air trèanadh agus cuir ris an t-susbaint a th' ann mar-thà.
Cleachdadh làithreach	Bidh an sgioba Co-ionannachd is Iomadachd a' cumail sùil air ìrean crìochnachaidh agus a' cleachdadh na coinneimh ullachaidh seachdaineil gus an trèanadh a bhrosnachadh agus gus daoine a bhrosnachadh gus a chrìochnachadh
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dealbhaich prògram obrach gus na modalan mothachaidh a bhrosnachadh gu cunbhalach.</li> <li>• Obair ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig gus susbaint nam modalan làithreach a leasachadh.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024 agus an uair sin leantainneach
Dleastanas	Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

## A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Cuir ris an t-susbaint Ghàidhlig air gach àrd-ùrlar air-loidhne, a' gabhail a-steach meadhanan sòisealta agus làrach-lìn.
Buil a tha air a mholadh	Brosnaich susbaint a th' ann mar tha agus dèan obair leasachaidh oirre.
Cleachdadh làithreach	Tha beagan susbaint Ghàidhlig ann mar-thà.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthaich nòta stiùiridh a thaobh cuine a bhios e iomchaidh na stuthan againn eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2022 agus an uair sin leantainneach
Dleastanas	Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd agus Conaltradh Corporra

Amas Àrd-ìre	Mar phàirt den obair com-pàirteachaidh againn air planaichean ionadail, siridh sinn beachdan choimhearsnachdan a thaobh sgaoileadh soidhnichean dà-chànanach Gàidhlig agus Beurla air togalaichean agus carbadan SFRS nuair a bhios soidhnichean ùra a dhìth, le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar cànan oifigeil ann an Alba.
Buil a tha air a mholadh	Gus tuigse shoilleir a bhith ann air mar a tha coimhearsnachdan ionadail airson's gum bi a' Ghàidhlig air a riochdachadh sa choimhearsnachd aca.
Cleachdadh làithreach	Gus soidhnichean atharrachadh, nuair a tha feadhainn ùra a dhìth, ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu farsaing leis a' choimhearsnachdan ionadail.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Co-obrach le Sgìrean Leasachaidh Seirbheis agus sir beachdan bho choimhearsnachdan ionadail</li> <li>• Iarr beachdan bho choimhearsnachdan na h-Alba san fharsaingeachd tron cho-chomhairle phoblach air an dàrna phlana Ghàidhlig againn.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2023 agus an uair sin leantainneach
Dleastanas	Riaghladh Stòrasan

## AMASAN SEIRBHEISEAN CORPORA

Seo an darna eagraan den Phlana Ghàidhlig againn agus bho 2016, tha sinn air ceuman a ghabhail gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus taic a chur rithe tron bhuidhinn air fad.

Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh agus a' cumail taic ris a' Ghàidhlig agus a' gabhail cheuman gnìomhach gus taic a thoirt do dh'amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

## INBHE

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Suaicheantas</b> Amas an suaicheantas corporra a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Tha dìon laghail aig suaicheantas an SRFS agus chan eil plana sam bith ann ath-sgrùdadh a dhèanamh air aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ach, mas e is gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air seo, thèid beachdachadh air Gàidhlig a chur ann ann an co-ceangail ri Bòrd na Gàidhlig.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a' phlana
Dleastanas	Àrd-sgioba stiùiridh

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Soidhnichean</b> Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	'S e am poileasaidh làithreach gun tèid soidhnichean dà chànach a chur suas anns na h-Eilean Siar, Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal agus Bòd nuair a bhios soidhnichean ùra a dhìth mar chomharra air cho follaiseach sa tha a' Ghàidhlig an sin.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir a-steach soidhnichean dà-chànach sna sgìrean a th' air an comharrachadh nuair a bhios seo a dhìth.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a' phlana
Dleastanas	Rianachd Ghoireasan

## CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Brosnachadh</b> Teachdaireachd bhrosnachail gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball anns a' Ghàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eil pròiseas foirmeil againn, ach rachadh conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig bho dhaoine, buidhnean agus coimhearsnachdan a fhreagairt sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Tro bheatha a' phlana, coimhead air cò ris a dh'fhaodadh pròiseas foirmeil a bhith coltach.
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a' phlana
Dleastanas	Conaltradh Corporra agus Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Conaltradh sgrìobhte</b> Bithear daonnan a' gabhail ri conaltradh sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.
Cleachdadh làithreach	Thèid litir/post-d sam bith a gheibhear sa Ghàidhlig a fhreagairt sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm sùil air litrichean/post-d a gheibhear sa Ghàidhlig agus dèan aithris air seo gach bliadhna.</li> <li>Mar phàirt den ath-bhreithneachadh a tha gu bhith againn air pròiseas bheachdan, ghearanan agus mholaidhean againn agus air ath-sgrùdadh den ro-innleachd conaltraidh againn, bheir sinn a-steach mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri conaltradh sa Ghàidhlig.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a' phlana
Dleastanas	Sgioba Conaltradh Corporra/Rianachd Chorporra (SPPC)

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Fàilteachas is fòn</b> Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.
Cleachdadh làithreach	Chan eil cleachdadh foirmeil an sàs aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tro bheatha a’ phlana, coimhead air cò ris a dh’fhaodadh pròiseas foirmeil a bhith coltach.</li> <li>Coimheadaidh sinn air cothrom gus taic nas fheàrr a thoirt dhan luchd-obrach againn gus an t-seirbheis seo a libhrigeadh.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2023 agus leantainneach
Dleastanas	Rianachd Chorporra (SPPC)/Conaltradh Corporra/Sgìrean Lìbhrigidh Seirbheis an Iar agus a Tuath

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Coinneamhan poblach</b> Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Chan eil coinneamhan poblach a’ tachairt aig an àm seo, tha a h-uile co-chomhairle a’ gabhail pàirt air astar.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich cleachdadh na Gàidhlig ann an coinneamhan poblach ann an sgìrean Earra-Ghàidheal is Bhòid, nan Eilean Siar agus Comhairle na Gàidhealtachd.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a’ phlana
Dleastanas	Conaltradh Corporra/Sgìrean Lìbhrigidh Seirbheis

## FIOSRACHADH

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Fiosan Naidheachd</b> Bithear a’ cuairteachadh fiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile gach fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Cuiridh sinn fiosan naidheachd a-mach mu chùisean na Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn fiosan naidheachd mun Ghàidhlig a chur a-mach, an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla</li> </ul>



	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthaich agus sgaoil fiosan naidheachd ann an Gàidhlig agus Beurla air cuspairean a bheir buaidh air coimhearsnachdan Gàidhlig.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Leantainneach
Dleastanas	Conaltradh Corporra agus Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Meadhanan Sòisealta</b> Bithear a’ sgaoileadh fios gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de chleachdadh aig an àm seo agus den ìre a dh’fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd.
Cleachdadh làithreach	Bidh sgìrean ionadail a’ sgaoileadh teachdaireachdan Gàidhlig air na cunntasan meadhanan sòisealta againn.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich Gàidhlig agus obair nan sgìrean ionadail air na cunntasan meadhanan sòisealta corporra againn</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Leantainneach
Dleastanas	Conaltradh Corporra/Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Làrach-lìn</b> Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh’fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh làithreach	Tha susbaint Ghàidhlig air an làrach-lìn againn
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir ri làthaireachd na Gàidhlig air an làrach againn</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Leantainneach
Dleastanas	Conaltradh Corporra/Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Foillseachaidhean Corporra</b> Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh’fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine
Cleachdadh làithreach	Bithear a’ foillseachadh a’ phlana Gàidhlig againn an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil planaichean gnìomh sgìreil rim faighinn sa Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, na Eileanan Siar agus ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2022 agus leantainneach
Dleastanas	Sgìrean Lìbhrigidh Seirbheis - An Iar agus a Tuath

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Taisbeanaidhean</b> Bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean
----------------------------	---

	poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a’ bhuaidh as motha.
Cleachdadh làithreach	Cha bhi taisbeanadh poblach sam bith a’ gabhail pàirt gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Faigh a-mach an ìre gun is gun urrainnear taisbeanaidhean poblach a chumail ann an sgìrean Earra-Ghàidheal agus Bhòid, nan Eilean Siar agus Comhairle na Gàidhealtachd a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig</li> <li>Beachdaich air Gàidhlig a bhith na pàirt de Thaigh-tasgaidh nan Smàladairean.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	Ro-chasg agus Dìon

## LUCHD-OBRACH

Buil a thathar ag iarraidh	<b>In-sgrùdadh</b> Dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne rè beatha gach plana.
Cleachdadh làithreach	Rinn sinn suirbhidh do luchd-obrach ann an 2019.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2023
Dleastanas	Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Inntrigeadh</b> Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarrais mar phàirt den inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile
Cleachdadh làithreach	Cha robh rud sam bith, no bha glè bheag mu na gealltanasan Gàidhlig anns a’ phròiseas inntrigidh againn do luchd-obrach.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir fios mu na gealltanasan Gàidhlig againn anns a’ phròiseas inntrigidh againn</li> <li>Beachdaich am bu chòir Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig a bhith na prìomh mhodal inntrigidh</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	HRPOD agus trèanadh, sàbhailteachd agus dearbhadh

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Trèanadh cànan</b> Trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a’ cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.
----------------------------	--

Cleachdadh làithreach	Aig an àm seo, thathar a’ toirt fiosrachadh dhaibh mu làraichean-lìn agus buidhnean a mholas Bòrd na Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cleachd conaltradh san taobh a-staigh gus mothachadh a thogail mu thrèanadh ann an sgìlean Gàidhlig</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a’ phlana
Dleastanas	Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd/Conaltradh agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Trèanadh mothachaidh</b> Trèanadh mothachaidh Gàidhlig gu bhith air a tabhann dhan luchd-obrach uile, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill bhùird, comhairlichean agus luchd-obrach a tha a’ dèiligeadh gu dìreach leis a’ phoball.
Cleachdadh làithreach	Tha trèanadh mothachaidh Gàidhlig ri fhaighinn do neach-obrach a tha airson seo a dhèanamh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich na buidhnean sònraichte seo de luchd-obrach gus na modalan Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig a dhèanamh.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	HROD/ Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Fastadh</b> Ag aithneachadh agus a’ toirt spèis do sgìlean Gàidhlig taobh a-staigh a’ phròiseas fastaidh.
Cleachdadh làithreach	Chan eil sgìlean Gàidhlig air an aithneachadh sa phròiseas fastaidh an-dràsta.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Sir comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig air dè na h-obraichean far a bheil sgìlean Gàidhlig riatanach no nam buannachd</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	HROD/ Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Fastadh</b> A’ Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgiol riatanach agus/no buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eil a’ Ghàidhlig air a comharrachadh mar sgiol riatanach no feumail no nam buannachd
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan ath-sgrùdadh air a’ phròiseas fastaidh airson cuid de na dreuchdan gus obrachadh a-mach cho feumail sa bhiodh e Gàidhlig a chomharrachadh mar slat-tomhais a bhiodh na buannachd airson cuid de na dreuchdan.</li> </ul>

Ceann-latha targaid	2024
Dleastanas	HR0D/ Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Fastadh</b> Sanasan obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Cleachdadh làithreach	Cha deach obair sam bith a chomharrachadh far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Beachdaich air sanasan obrach dà chànanach ann an Siostaman Glèidhte is Saor Toileach ann an sgìrean Earra-Ghàidheil is Bhòid, Comhairle na Gàidhealtachd is Comhairle nan Eilean Siar.</li> <li>• Sir comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig air dè na h-obraichean far a bheil sgilean Gàidhlig riatanach no nam buannachd</li> </ul>
Ceann-latha targaid	2023-2024
Dleastanas	HRPOD/ Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

## CORPAS NA GÀIDHLIG

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig</b> Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh làithreach	Bheir sinn feart air na gnàthasan litreachaidh làithreach.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm an cleachdadh làithreach dìreach a bhith a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh a tha a' cleachdadh nan gnàthasan litreachaidh as ùire.</li> </ul>
Ceann-latha targaid	Tro bheatha a' phlana
Dleastanas	Gach buidheann-stiùiridh

Buil a thathar ag iarraidh	<b>Ainmean-àite:</b> Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh làithreach	Obraichidh sinn gu dlùth ri Ainmean-àite na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum faighear am fiosrachadh agus a' chomhairle cheart.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm sùil air seo gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann agus dèan atharrachaidhean ma thèid seo a mholadh le Ainmean-àite na h-Alba</li> </ul>

Ceann-latha targaid	Tro bheatha a' phlana
Dleastanas	Conaltradh Corporra agus Sgioba Co-ionannachd agus Iomadachd

## 5. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Cuiridh am Plana Gàidhlig againn ris na builean a leanas anns an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta:

- A' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis gus an coilean iad an làn chomasan

Tha am plana ag amas air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus gus spèis cho-ionann a thoirt dhi. Airson coimhearsnachdan Gàidhlig, tha seo a' sealltainn taic dhan chultar, dualchas is coimhearsnachd aca.

- A' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte

Tha am plana againn a' cur air adhart prògram àrd-amasach de gnìomhan a tha sinn den bheachd a tha a' cur ri amasan an Fhrèam-obrach Nàiseanta.

## 6. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAICHEAN-OBACH IONADAIL AGUS ROINNEIL

Tha am Plana Gàidhlig a' cuimseachadh air seirbheis nas fheàrr a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba. Bheir e cothrom dhan luchd-obrach againn aig a bheil Gàidhlig cuideachd cur ris a' Phlana Ghàidhlig againn.

Tha seo a' co-thaobhadh ri libhrigeadh nan Amasan Ro-innleachdail aig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a leanas:-

- Bidh na gnìomhan cuimsichte ro-chasg agus dìon againn a' cur ri sàbhailteachd agus sunnd coimhearsnachd agus a' cumail taic ri fàs eaconamach seasmhach.
- Tha sinn nar àite-obrach fìor mhath airson obair far a bheil na daoine againn sàbhailte, a' faighinn taic agus cumhachd gus seirbheisean ùr-ghnàthach àrd-choileanaidh a libhrigeadh.

## 7. FOILLSEACHADH A' PHLANA

### FOILLSEACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA

Seo an dàrna eagraan den Phlana Gàidhlig againn agus bidh e an gnìomh fad 3 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Cuiridh na gealltanasan anns a' phlana seo ris na gealltanasan a chaidh a mhìneachadh sa chiad phlana againn agus bidh iad gan soillearachadh.

#### AIR AN TAOBH A-STAIGH

---

Cleachdaidh Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba na modhan conaltraidh a-staigh againn gus fios a thoirt dhan luchd-obrach agus luchd-ùidh air fad againn mun dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn. Cleachdaidh sinn na modhan sin cuideachd gus ar luchd-obrach agus luchd-ùidh eile air an taobh a-staigh a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail anns a' cho-chomhairleachadh phoblach air an dàrna eagraan den Phlana Gàidhlig againn.

#### AIR AN TAOBH A-MUIGH

---

Thèid Plana Ghàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:-

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- Innis dhan luchd-obrach agus luchd-ùidh againn mun phlana againn agus mar as urrainn dhaibh cothrom fhaighinn air tro mhodhan conaltraidh a-staigh agus air an làraich-lìn againn
- sgaoil lethbhreacan den phlana gus fios a chur do buidhnean Gàidhlig buntainneach agus buidhnean eile le ùidh agus thoir chomhairle dhaibh air mar a gheibh iad cothrom air a' phlana againn
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

## 8. GOIREASACHADH A' PHLANA

Thèid, no chaidh a' mhòr-chuid de na gnìomhan anns a' phlana seo a mhaoineachadh tro bhuidseatan a th' againn mar-thà.

Dh'fhaodte gun tèid maoineachadh bhon taobh a-muigh a shireadh airson pròiseactan fa leth a chuidicheas sinn le bhith a' brosnachadh na Gàidhlig, a' togail mothachadh agus a' leabachadh na Gàidhlig sna gnìomhan làitheil againn.

## 9 A' SGRÙDADH A' PHLANA

Cumaidh sinn sùil air cur an gnìomh a' phlana seo le bhith a' toirt ùrachaidhean cunbhalach dhan Àrd-sgioba Stiùiridh againn agus le bhith a' cur aithris bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig.



## 10. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH

### UALLACH AIRSON A' PHLANA AIR A' CHEANN THALL

Tha uallach iomlan air a' Mhanaidsear Co-ionannachd agus Iomadachd airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba. Is urrainnear fios a chur thuca mar a leanas: -

Denise Rooney

Manaidsear Co-ionannachd agus Iomadachd

Daoine agus Leasachadh na Buidhne

Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

Àrd-oifis Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

Westburn Drive

Camus Long

G72 7NA

0141 646 4623

[Denise.rooney@firescotland.gov.uk](mailto:Denise.rooney@firescotland.gov.uk)

### UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Tha uallach làitheil air an Oifigear Co-ionannachd agus Iomadachd airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Maggie Archibald

Oifigear Co-ionannachd agus Iomadachd

SDA West HQ

99 Rathad Bothwell

Hamaltan

ML3 0AA

01698 402 213

[Maggie.Archibald@firescotland.gov.uk](mailto:Maggie.Archibald@firescotland.gov.uk)

## BUIDHEANN BUILEACHAIDH IS SGRÙDAIDH A' PHLANA GHÀIDHLIG

Chan eil comas againn Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh Gàidhlig a stèidheachadh aig an àm seo, ach cleachdaidh sinn buidhnean-obrach a-staigh a tha ann mar-thà agus planaichean obrachaidh bliadhnail nam buidhnean-stiùiridh gus sùil a chumail air adhartas leis na geallaidhean againn sa Phlana Ghàidhlig againn.

## A' CONALTRADH LE LUCHD-OBRACH

Nì sinn suirbhidh luchd-obrach rè an dàrna eagrain den Phlana Gàidhlig agus bheir sinn ùrachadh dhan luchd-obrach againn gach bliadhna a' cleachdadh nam modhan conaltraidh a-staigh againn mun phlana, a bhuileachadh agus a sgrùdadh agus air adhartas a rinneadh.

## BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH IS TREAS PÀRTAIDHEAN

Nì Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba cinnteach gum bi an t-seirbheis èiginn againn agus gum bi na com-pàirtichean seirbheis poblach eile mothachail air an dàrna Plana Gàidhlig againn tro chom-pàirteachasan planaoidh coimhearsnachd agus Buidheann Co-obrachaidh nan Seirbheisean Èiginn.

## EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Rinn sinn suirbhidh air comasan Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne leis an luchd-obrach againn ann an 2019, agus chomharraich 98 luchd-obrach gu bheil sgilean Gàidhlig air choireigin aca bho abairtean bunaiteach gu bhith fileanta ann a bhith a’ bruidhinn, a’ leughadh agus a’ sgrìobhadh a’ chànain. Chìthear mion-fhiosrachadh air an aithisg gu h-ìosal.

An àireamh de luchd-obrach aig a bheil comas Gàidhlig labhairteach a thuigsinn:

Tuigidh mi abairtean sìmplidh nuair a bhios cuideigin a’ bruidhinn gu slaodach is gu soilleir.	Tuigidh mi a’ mhòr-chuid de chòmhradhean àbhaisteach làitheil ma tha cuideigin a’ bruidhinn gu slaodach is gu soilleir.	Tuigidh mi a’ mhòr-chuid de chòmhradhean àbhaisteach làitheil nuair a bhios cuideigin a’ bruidhinn gu slaodach is gu soilleir.	Tuigidh mi daoine a tha fileanta sa Ghàidhlig nuair a tha iad a’ bruidhinn air cuspairean làitheil aig astar àbhaisteach	B’ urrainn dhomh daoine a tha fileanta sa Ghàidhlig a thuigsinn ma tha iad a’ bruidhinn mu dheidhinn cuspairean speisealach co-cheangailte ri m’ obair
48	21	13	6	10

Àireamh de luchd-obrach aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn:

Is urrainn dhomh abairtean sìmplidh a chleachdadh sa Ghàidhlig	Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradhean mu chuspairean làitheil ma lionas mi na beàrnan sa Ghàidhlig agam le beagan fhaclan Beurla	Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradhean làitheil air a’ mhòr-chuid de chuspairean ma ghabhas mi air mo shochair	Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradhean làitheil le daoine a tha fileanta sa Ghàidhlig aig astar àbhaisteach	B’ urrainn dhomh bruidhinn air cuspairean speisealach co-cheangailte ri m’ obair ann an coinneamhan le daoine a tha fileanta sa Ghàidhlig.
46	23	6	4	7

Àireamh de luchd-obrach aig a bheil comas leughaidh sa Ghàidhlig:

Is urrainn dhomh beagan fhaclan a thuigsinn air soidhnichean no sanasan, gu sònraichte ma tha dealbh no	Tuigidh mi leabhraichean Gàidhlig bunaiteach le taic bho dhealbhan	Tuigidh mi leabhraichean Gàidhlig sìmplidh le taic bho fhaclair	Is urrainn dhomh leabhraichean no artaigilean aig ìre nas adhartaiche a tha ag amas air inbhich, a thuigsinn, agus a	B’ urrainn dhomh sgrìobhadh teicnigeach a thuigsinn sa Ghàidhlig air cuspairean speisealach co-
---	--	---	--	---

diagram ann gus cuideachadh leis a' chiall.			leughadh gu cofhurtail	cheangailte ri m' obair gun duilgheadas
50	16	23	6	3

Àireamh de luchd-obrach aig a bheil comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig:

Is urrainn dhomh abairtean sìmplidh a sgrìobhadh	Is urrainn dhomh beagan abairtean sìmplidh a sgrìobhadh ann am post-d gu caraid le taic bho fhaclair	Is urrainn dhomh post-d toinnte a sgrìobhadh ann am post-d gu caraid le taic bho fhaclair	Is urrainn dhomh sgrìobhadh mun mhòr-chuid de chuspairean làitheil gun cus duilgheadas (litricean, aithisgean, puist-d)	B' urrainn dhomh aithisg a sgrìobhadh sa Ghàidhlig air cuspairean speisealach co-cheangailte ri m' obair gun duilgheadas
20	28	2	2	2

Àireamh de luchd-obrach a bhruidhneas Gàidhlig le buill den phoball agus cho tric:

Gach latha	Gach mìos	Gach bliadhna
17	9	13

Dè cho tric 's a bhios buill den phoball a' tòiseachadh còmhraidhean leis an luchd-obrach againn sa Ghàidhlig:

Gach uair a thìde	Gach latha	Gach mìos	Gach bliadhna
2	15	10	15

Dè cho tric 's a bhios luchd-obrach againn a' tòiseachadh còmhraidhean leis a' phoball againn sa Ghàidhlig:

Gach uair a thìde	Gach latha	Gach mìos	Gach bliadhna
2	10	11	8

- A-mach às na 478 luchd-obrach againn a rinn an suirbhidh, tha ceithir luchd-obrach ag ionnsachadh na Gàidhlig aig an àm seo.
- Tha dithis den luchd-obrach seo ag obair ann an sgìre Baile Ghlaschu, tha aon dhiubh ag obair ann an Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear is an Iar agus Earra-Ghàidheal is Bòd agus tha aonan ag obair ann am Baile Obar Dheathain.

- Thuir 22 neach-obrach gu bheil Gàidhlig aca no gu bheil iad toilichte leis an ìre fhileantachd a th' aca aig an àm seo.
- Tha 198 luchd-obrach airson Gàidhlig ionnsachadh, no airson cuir ri an cuid Gàidhlig ach cha robh an cothrom aca seo a dhèanamh fhathast. Tha an luchd-obrach sin ag obair anns na roinnean/sgìrean seo:-

Roinn/Àite	Cia mheud neach-obrach
Seirbheis Ionmhas agus Chùmhnantan	16
Daoine agus Leasachadh na Buidhne	22
Ro-chasg agus Dìon	12
Freagairt agus Ath-leumachd	22
Planadh, Coileanadh agus Conaltradh Ro-innleachdail	16
Sgìrean Lìbhrigidh Seirbheis - an Ear	24
Sgìrean Lìbhrigidh Seirbheis - a Tuath	35
Sgìrean Lìbhrigidh Seirbheis - an Iar	51

- Chan eil obair sam bith ann an Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a tha a' comharrachadh Gàidhlig mar sgiol obrach riatanach no a bhiodh na buannachd.
- Chan eil seirbheis no pròiseas foirmeil sam bith air an taobh a-staigh a tha air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.

## EÀRR-RÀDH 2 – CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH

Nì Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba pròiseas co-chomhairleachaidh a mhaireas sia seachdainean air an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn a thoisicheas air 17 Faoilleach 2022 agus a thig gu crìch air 27 Gearran 2022. Gabhaidh sinn ris na molaidhean a nithear, far a bheil sin a dhìth, agus bheir sinn a-steach toraidhean a' cho-chomhairleachaidh taobh a-staigh a' phlana dheireannaich.